



**ABAIR  
GÀIDHLIG 4**

**FILEANTA**

 **Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig

## ABAIR GÀIDHLIG 4



Leugh an earrann seo gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas i.

B' ann air an telebhisean a chuala Seumas Gilleasbaig MacSonachan an toiseach gun robh Taghadh Pàrlamaid air a ghairm. 'S e a bha air a dhòigh. A-nise bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan daonnan deònach a bheachdan a chur an cèill, eadar gun robh mòran eòlais aige air a' chuspair no nach robh. Agus mar bu trice, cha robh! Agus bheireadh na seachdainean ro latha an Taghaidh cothrom dha a bheachdan fhoillseachadh air gach cuspair fon ghrèin. Ach bha aon rud a' dèanamh beagan de dhragh dha: chan fhaigheadh esan mòran èisteachd an taca ris an fheadhainn a bhiodh a' seasamh airson na Pàrlamaid. Cha robh ach aon dòigh anns an gabhadh an suidheachadh sin a leasachadh: sheasadh Seumas Gilleasbaig MacSonachan e fhèin airson na Pàrlamaid.

Bha fhios aige nach gabhadh gin de na partaidhean àbhaisteach gnothach ris, ach co-dhiù b' fhada bho thagh iad an fheadhainn a bha gu bhith gan riochdachadh san t-stri a bha air toiseach orra. Dh'fheumadh e partaidh ùr a stèidheachadh. Agus sin an rud a rinn e. Agus thug e Am Partaidh Purpaidh mar ainm air a' phartaidh ùr. Lion e na pàipearan iomchaidh agus chuir e a-steach iad ron cheann-latha mar a bha na riaghailtean ag iarraidh. Agus ged nach robh duine beò sa Phartaidh Phurpaidh ach e fhèin fhuair e gu leòr de luchd-taic a chuireadh an ainmean ris a' phàipear.

Cha robh daoine a' tuigsinn carson a bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan a' seasamh fo bhratach Partaidh Purpaidh. Bhathar a' cumail a-mach gun do thagh e an t-ainm sin seach gun robh dath de sheòrs' air choreigin co-cheangailte ri na partaidhean eile, agus gun do thagh e an dath purpaidh gus faighinn air falbh bhon ghorm, bhon dearg, bhon bhuidhe agus bhon uaine. Agus cha deach e air chall air cuid gun robh ceanglaichean rìoghail aig an dath purpaidh. Ach cha robhar a' creidsinn gun robh eadhon Seumas Gilleasbaig MacSonachan cho mòr às fhèin agus gun taghadh e an dath air an adhbhar sin.

*air a thoirt à Am Partaidh Purpaidh le Dòmhnall Iain MacÌomhair  
(atharraichte)*

# ABAIR GÀIDHLIG 4



1. Carson a bha ùidh aig Seumas Gilleasbaig MacSonachan anns an naidheachd a chuala e air an telebhisean?
2. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a bha Seumas Gilleasbaig MacSonachan airson seasamh airson na Pàrlamaid.
3. Le bhith a' beachdachadh air an earrainn gu lèir, inns carson a tha thu den bheachd nach gabhadh gin de na partaidhean àbhaisteach gnothach ris?
4. Nad bheachd-sa, dè an seòrsa dhaoine a chuir an ainmean ris a' phàipear aig Seumas Gilleasbaig MacSonachan? Minich carson a tha thu den bheachd sin.
5. Dè tha am paragraf mu dheireadh ag innse mu bheachdan dhaoine eile air Seumas Gilleasbaig MacSonachan?
6. Le bhith a' beachdachadh air an earrainn gu lèir, inns dè an sealladh a th' agad air Seumas Gilleasbaig MacSonachan mar dhuine.
7. Nad bheachd-sa, a bheil thu a' smaoinichadh gu bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh na sgeulachd seo gus a bheachd fhèin air poilitigs a chur mu choinneimh an leughadair? Inns carson a tha thu den bheachd seo.

Tha an clas a' dol a chumail deasbad air fear de na molaidhean a leanas. Tagh aon dhiubh:



Tha luchd-poilitigs a' cleachdadh phoilitigs airson am buannachd fhèin agus chan ann airson math na dùthcha.

Bu chòir an aois aig a bheil e ceadachd bhòtadh a thoirt a-nuas gu sia-deug.

Tha Alba nas fheàrr dhet mar phàirt den Rìoghachd Aonaichte.



Tha sinn mu thràth air coimhead air an Tràth Chaithte (rudan a thachair) agus air an Tràth Theachdail (rudan a thachras).

Leugh tron earrainn a-rithist, a' cur dath soilleir air na gnìomhairean a bha san **Tràth Chumhach** (an tràth anns an cleachdadh sinn am facal **would** sa Bheurla).

# ABAIR GÀIDHLIG 4



## Puing-ionnsachaidh an Aonaid: An Tràth Cumhach



Anns an eacarsaich cànan seo, gheibh thu a-mach mar a tha an **Tràth Cumhach** ag obrachadh.

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 4* (duilleagan 2 gu 7) còmhla ris an tidsear.



A-nis, atharraich na seantansan 2 gu 11 bhon Tràth Làthaireil/Tràth Theachdail dhan **Tràth Chumhach**. Chaidh a' chiad fhear a dhèanamh dhut.



1. Tha an obair sin glè mhath. Bhiodh an obair sin glè mhath.
2. Chan eil am bàta aig muir. \_\_\_\_\_
3. A bheil e toilichte le sin? \_\_\_\_\_
4. 'S e sgoil mhath a th' innte. \_\_\_\_\_
5. Dè an uair a tha e ann an Ameireaga \_\_\_\_\_
6. Nach eil iad ro òg? \_\_\_\_\_
7. Tha mi toilichte do chuideachadh. \_\_\_\_\_
8. Chan eil mi cofhurtail anns a' bhaile mhòr. \_\_\_\_\_
9. Cha bhi gèam ann ma bhios i fliuch. \_\_\_\_\_
10. Bidh i toilichte ma bhios an taigh glan. \_\_\_\_\_
11. Ma bhios tusa ann, cha bhi ise ann. \_\_\_\_\_

# ABAIR GÀIDHLIG 4

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 4* (duilleag 8 agus 9) còmhla ris an tidsear.



A-nis, cruthaich seantansan anns an **Tràth Chumhach** leis na gnìomhairean seo. Chaidh dhà dhiubh a dhèanamh dhut.

	<b>Gnìomhair</b>	<b>Freumh</b>	<b>Seantans</b>
1.	a' dràibheadh	(dràibh)	Dhràibheadh e dhachaigh nam biodh càr aige.
2.	ag òl	(òl)	Dh'òladh e sugh ùbhail gach madainn.
3.	a' ceannach	( )	_____
4.	a' seinn	( )	_____
5.	a' tighinn	( )	_____
6.	a' leughadh	( )	_____
7.	a' seasamh	( )	_____
8.	a' fuireach	( )	_____
9.	a' creidsinn	( )	_____
10.	a' ruith	( )	_____
11.	a' sgrìobhadh	( )	_____

# ABAIR GÀIDHLIG 4

Coimhead air *PowerPoint Abair Gàidhlig 4* (duilleag 10)  
còmhla ris an tidsear.

A-nis, atharraich na seantansan mar a chaidh a' chiad fhear a dhèanamh roimhe.



1. **Bhiodh e a' dol** a Ghlaschu  
gach latha.

**Dheigheadh** e a Ghlaschu  
gach latha.



2. **Bhiodh e a' toirt** airgead dhomh.

\_\_\_\_\_

3. **Bhithinn ga fhaicinn** an sin.

\_\_\_\_\_

4. **Bhiodh e a' faighinn** deich notaichean  
san uair.

\_\_\_\_\_